

19 Sultain 2023

A phàrant/neach-cùraim chòir

San Ògmhios 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Bun-sgoil Chnoc na Creige agus Sgoil-àraich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Bidh clann thar na sgoile agus clasaichean-àraich a' faighinn eòlas air dàimhean dearbhach agus coibhneil le inbhich agus an co-aoisean. Tha seo a' toirt taic don àrainneachd ionnsachaidh adhartach far a bheil fios aig clann gu bheil luach orra. Tha clann modhail, coibhneil agus deònach ionnsachadh.
- An obair a nì tidsearan agus luchd-cleachdaidh gus sgilean litearrachd chloinne a leasachadh. Tha seo a' toirt buaidh mhath air leasachadh leughadh is sgrìobhadh chloinne ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Bidh clann air feadh na sgoil-àraich agus clasaichean airson Foghlam Meadhan Gàidhlig a' faighinn eòlas bogaidh làidir cha mhòr fad an t-siubhail. Bidh iad a' gabhail pàirt ann an raon beairteach de choileanaidhean tron Ghàidhlig, a tha ag àrdachadh am briathrachas sònraichte.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Lean air adhart a' leasachadh ionnsachadh agus teagasg àrd-inbhe thar nan clasaichean agus na Sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig agus meadhan na Beurla. Dèan cinnteach gu bheil fòcas soilleir air a bhith a' toirt ìrean dùbhlain iomchaidh don chloinn air fad thar a' churraicealaim.
- Tog air na dòighean-obrach a thathar a' cleachdadh an dà chuid thar foghlam meadhan na Gàidhlig agus na Beurla gus ionnsachadh a phlanadh agus sgrùdadh a dhèanamh air an adhartas a tha clann a' dèanamh. Dèan cinnteach gu bheil na h-ath cheumannan ann an ionnsachadh chloinne air an cleachdadh gus planadh thar a' churraicealaim a stiùireadh agus taic a thoirt don chloinn air fad gus an adhartas as fheàrr a dhèanamh nan ionnsachadh.
- Le taic bhon ùghdarras ionadail, bu chòir do àrd-luchd-stiùiridh dèanamh cinnteach gu bheil clann anns na clasaichean tro mheadhan na Gàidhlig ag ionnsachadh tron Ghàidhlig fad na h-ùine gu cunbhalach.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh comharran càileachd bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè dh'fheumar a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean de chomharran càileachd gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Cnoc na Creige

Taisbeanairan càileachd airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagra) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing	

Comharran càileachd airson na sgoile-àraich	Measadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dèanamh cinnteach gun dèan a' chlann adhartas	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram cloinne? Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Details](#) | [Find an inspection report](#) | [Find an inspection report](#) | [Inspection and Review](#) | [Education Scotland](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn cinnteach gu bheil comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Marion Carlton
Neach-sgrùdaidh an Rìgh